

**Wigtown Poetry Competition 2018**  
**Scottish Gaelic | Winner:** Calum Rothach, *Learag*  
All rights reserved

---

Learag

Chan eil fhios a'm dè as àraid nam chuimhne:  
daingeachd mo ghruaidhean  
ùrachd cheòthach m' analach  
gealad nam bilean reòthta,  
no samh milis gualan a' pheatrail loisgte,  
no blàths a' ghaoil  
's a' cho-chomainn,  
mise 's m' athair  
m' athair is mise  
aonan ris a' learaig.

Sàr chonnadh  
nam làmhan, nam chuinneanan  
na làmhan-san, na chuinneanan,  
ga gearradh 's ga sgoltadh  
nar n-aonar sa choille  
mise, m' athair 's an learag.